

Coinneamh: Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhachd

Ceann-là/Àm: 19 Cèitean 2026 aig 09:30

Àite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Stewart MacLeòid [SML] Cathraiche

Dòmhnall K Mac a' Phì [DKM]

John Neil Dòmhnallach [JND]

A' Frithealadh:

Nicola Pearson [NP]

Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra

Ealasaid Dhòmhnallach [ED]

Ceannard

Peter Clark [PC]

Wbg

Esther Scoburgh [ES]

Sgrùdadh Alba

Geàrr-chunntas:

Jamie MacLean [JML]

Co-òrdanaiche Corporra

Bha DKM sa chathair mar Chathraiche airson gnothaichean tòiseachaidh na coinneimh. Chuir DKM fàilte air Buill na Comataidh agus air a h-uile duine a bha an làthair aig a' choinneimh.

Cha robh leisgeulan ann.

1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin ann ri chlàradh.

1.3. Gnothach Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Aithisgean In-sgrùdaidh

2.1. Aithrisean In-sgrùdaidh (Ri Aontachadh)

Thàinig SML a-steach dhan choinneimh agus chaidh e dhan chathair.

Bhruidhinn PC air na h-aithisgean in-sgrùdaidh is thug e seachad geàrr-chunntas orra, a' toirt iomradh air raointean de dheagh chleachdaidh agus air molaidhean.

PT1 Com-pàirtichean Lìbhrigidh – Stiùireadh Coileanaidh

Dh'aithris PC gun robh trì raointean far an robh deagh chleachdadh ann agus nach robh moladh sam bith ann. Thug PC fa-near gun do dhearbhadh sgrùdadh air an raon seo gun robh pròiseasan agus modhan-obrach làidir an gnìomh agus gun robh luchd-obrach gan leantainn. Thuirt PC gun deach an raon-sgrùdaidh seo a chomharrachadh 'làidir', an ìre dearbhaidh as àirde.

Dh'fhaighnich JND an robhar a' measadh buaidh nan tabhartasan san sgrùdadh. Chaidh a dhaingneachadh nach eil an t-in-sgrùdadh a' measadh buaidh nan tabhartasan air na com-pàirtichean lìbhrigidh agus gu bheil a' measadh phròiseasan is dhòighean-obrach Bòrd na Gàidhlig.

Dh'aontaich na Buill ris an aithisg.

PT2 - Riaghladh Mhì-chinntean

Thuirt PC gun deach Riaghladh Mhì-chinntean a mheas 'làidir' agus gun deach seachd raointean de dheagh chleachdadh a chomharrachadh.

Bhruidhinn na buill air an aithisg in-sgrùdaidh air riaghladh mhì-chinntean agus air àite na Comataidh agus a' Bhùird-stiùiridh sa phròiseas agus dh'iarr Buill comhairle bhon luchd-in-sgrùdaidh air na pròiseasan. Chaidh a thoirt fa-near gur e dùblachadh fiosrachaidh an cunnart as motha ann an obair na Comataidh agus a' Bhùird-stiùiridh.

Dh'aontaich na Buill ris an aithisg.

PT3 Iar-sgrùdadh

Thug PC aithris seachad air na molaidhean sgrùdaidh a chaidh a chur an gnìomh gu h-iomlan no gu ìre.

Chaidh ceist a thogail air adhbharan soilleireachd a thaobh nan seirbheisean HR agus clàradh fiosrachaidh. Chaidh a mhìneachadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig ag obair le comhairliche HR gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' gèilleadh ri riaghailtean laghail is reachdail a thaobh chùisean HR. Tha obair fastaidh air a dhèanamh taobh a-staigh na buidhne le comhairle bho Chomhairliche HR. Tha an Co-òrdanaiche Corporra a-nis san dreuchd agus is esan an neach-conaltraidh singilte airson cùisean HR taobh a-staigh na buidhne, le uallach airson sùil a chumail air agus aithris a dhèanamh air cùisean HR agus a bhith a' toirt air adhart gnìomhan a' buntainn ri seo.

Chaidh ceist a thogail mun cheann-latha buileachaidh, a chaidh a chomharrachadh mar an Cèitean 2026. Thuirt NP nach biodh fianais ann gun deach am moladh seo a chur an gnìomh gus am biodh cuairt fastaidh air a cumail.

Dh'aontaich na Buill ris an aithisg.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na buill na trì aithisgean in-sgrùdaidh.

2.2. Aithisg In-sgrùdaidh Bhliadhnail 2025/ 26 (Ri Aontachadh)

Thug PC geàrr-chunntas seachad air an Aithisg In-sgrùdaidh Bhliadhnail airson 2025/26. Chaidh a thoirt fa-near gun deach Bòrd na Gàidhlig a mheas 'làidir' agus gun deach nas lugha de mholaidhean a dhèanamh na bhiodh aig buidhnean coimeasach.

Chaidh ceist a thogail mun PhCC a thaobh freagairtean bhon sgioba-stiùiridh air taobh-duilleig 12 den aithisg (td. 73), leis gun robh e a' toirt iomradh air freagairtean a fhuairleadh bhon sgioba-stiùiridh taobh a-muigh na h-ùine riatanach de 15 latha. Chaidh a thoirt fa-near gum bi an Sgioba-stiùiridh daonnan a' freagairt ach nach robh e daonnan comasach sin a dhèanamh taobh a-staigh a' chlàir-ama mar thoradh air cuideaman obrach.

Dh'aontaich na Buill ris an aithisg.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na buill an aithisg in-sgrùdaidh.

2.3. Plana In-sgrùdaidh 2026/27 (Ri Aontachadh)

Thug PC geàrr-chunntas seachad air a' phlana sgrùdaidh airson 2026/27 agus air na raointean ath-sgrùdaidh a bhiodh air am measadh.

Chaidh a thoirt fa-near gu bheil taobh-duilleig 3 den phlana sgrùdaidh (td. 80) ag ràdh gun rachadh a thoirt dhan Chomataidh airson aonta air 24 Gearran 2026.

Chaidh a ràdh gur e mearachd a bha seo agus gur e 19 Cèitean 2026 a bu chòir a bhith ann.

Chaidh a' phuing a thogail gum bi raointean ath-sgrùdaidh a tha gu bhith air am measadh air an deasbad leis a' Chathraiche, NP agus riochdairean Wbg, a' beachdachadh air ceistean leithid an cleachdadh as fheàrr de ghoireasan, ùine, agus na raointean leis an ìre cunnairt as àirde.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill am Plana In-sgrùdaidh airson 2026/27.

Tha typo ri atharrachadh air taobh-duilleig 3 den phlana in-sgrùdaidh. [Gnìomh Wbg]

2.4. Inbhe nam Molaidhean Sgrùdaidh (Ri Aontachadh)

Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' phàipear air inbhe nam molaidhean sgrùdaidh.

Bha deasbad ann air an dà mholadh a bha air an comharrachadh mar "gun tòiseachadh" agus dh'iarr Buill tuilleadh soilleireachaidh air seo.

IAR 25 - Chaidh a chur an cèill gun tèid feumalachdan trèanaidh luchd-gleidhidh buidseit ùra a mheasadh san Ògmhios/Iuchar 2026 gus faighinn a-mach a bheil feum air barrachd trèanaidh agus gu dè an ìre.

IAR 29 - Chaidh beachdachadh air a' phròiseas a thaobh a bhith a' sgrìobhadh an ath Phlana Chorporra leis gu bheilear a-nis air meadhan a' Phlana Chorporra làithrich a ruighinn. Coinnichidh an Sgioba-stiùiridh gus sgrìobhainn modh-obrach a chur ri chèile leis na ceumannan a bhios ann gus an ath Phlana a sgrìobhadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill ris an aithisg air inbhe nam molaidhean sgrùdaidh.

3. Rianachd Mhì-chinntean

3.1. Ro-innleachd Rianachd Mhì-chinntean (Ri Aontachadh)

Thug NP geàrr-chunntas seachad air ro-innleachd rianachd nam mì-chinntean.

Chaidh ceist a thogail mu chruthachadh na ro-innleachd. Chaidh a shoilleireachadh gun robh an ro-innleachd seo airson na buidhne gu sònraichte, agus gun robhar a' beachdachadh air cùisean aig ìre nàiseanta agus ìre na buidhne tro ath-sgrùdadh cunbhalach.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill Ro-innleachd Rianachd nam Mì-chinntean

3.2. Riaghladh Mì-chinntean Ro-innleachdail (Ri Aontachadh)

Thug NP geàrr-chunntas seachad air clàr nam mì-chinntean ro-innleachdail agus bhruidhinn i mu dheidhinn.

Thug Buill raointean a bha ag adhbharachadh dragh fa-near agus dh'fhaighnich iad an robh iad sin anns a' chlàr mhì-chinntean làithreach, a' gabhail a-steach conaltradh le BPA ùra agus fastadh bhuill ùra dhan bhòrd. Chaidh a thoirt fa-near gun rachadh conaltradh a dhèanamh le BPA ùra mu obair Bòrd na Gàidhlig agus gum biodh e soilleir a dh'aithghearr cò am Ministear aig am bi uallach airson na Gàidhlig. A thaobh a bhith a' fastadh bhuill ùra dhan bhòrd, chaidh còmhraidhean torach a chumail le Riaghaltas na h-Alba mu dhreuchdan poblach. Chan eil ùrachadh

sam bith ri thoirt seachad aig an ìre seo, ach thig ùrachadh dhan Bhòrd san Ògmhios 2026.

Thathar a’ measadh tuigse innealta bho shealladh riosg ro-innleachdail, agus thèid pàipear a thoirt do choinneamh a’ Bhùird san Ògmhios 2026 (chaidh puing gnìomh coinneamh a’ Bhùird-stiùiridh a chomharrachadh mar-thà).

Co-dhùnadh:

Dh’aontaich Buill ris a’ chlàr mhì-chinntean ro-innleachdail.

Thig am fiosrachadh as ùire mu bhith a’ fastadh bhuill bùird a bharrachd gu coinneamh a’ bhùird-stiùiridh san Ògmhios 2026. **[Gnìomh ED]**

Chaidh ùrachadh dhan bhòrd air AI a chomharrachadh mar phuing gnìomh mar-thà aig coinneamh a’ bhùird-stiùiridh sa Mhàrt 2026.

4. Riaghlachas

4.1. Aithris Luach as Fheàrr [Airson Aonta]

Bhruidhinn NP mu dheidhinn agus thug i seachad geàrr-chunntas air an aithris luach as fheàrr, agus i a’ cur an cèill nach deach na meatraigean agus na slatan-tomhais atharrachadh bhon aithris luach as fheàrr mu dheireadh.

Chaidh ceist a thogail mun targaid a bhith a’ coileanadh 80% de na Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan) fo ‘Cleachdadh ghoireasan’ (td. 125) an àite 100%. Chaidh a mhìneachadh gu bheil na PCCan a’ gabhail a-steach ùine Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2023–28 air fad.

Fo ‘cho-ionannachd’ chaidh ceist a thogail mun dòigh san rachadh an targaid a choileanadh. Chaidh a shoilleireachadh gu bheil freagairtean a chuir BnG a-steach do cho-chomhairlean poblach nàiseanta is roinneil a’ toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig buidhnean a ruigsinn nach eil mar as trice ann an conaltradh leis a’ bhuidhinn.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill an Aithris Luach as Fheàrr.

4.2. Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdadh is Dearbhachd (Ri Aontachadh)

Bhruidhinn an Cathraiche mu Aithisg Bhliadhnail na Comataidh Sgrùdadh agus Dearbhachd agus thug e seachad geàrr-chunntas air an t-susbaint.

Thug na Buill taing dhan Chathraiche agus do dh'oifigearan Bòrd na Gàidhlig airson an cuid obrach air chùl gnothaich.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill Aithisg Bhliadhnail na Comataidh.

4.3. Poileasaidhean Solarachaidh (Ri Aontachadh)

Thug NP geàrr-chunntas seachad air a' phoileasaidh solarachaidh agus mhol i gun aontaicheadh na Buill ris.

Bha deasbad ann mun phoileasaidh agus mu a shusbaint. Dh'fhaighnich Buill cuine a chaidh am poileasaidh aontachadh leis a' Chomataidh mu dheireadh. Chaidh a thoirt fa-near gun deach am poileasaidh aontachadh mu dheireadh ann an 2021 agus thuirt an luchd-in-sgrùdadh gun robh e feumach air ùrachadh agus gun robh smachd thionndaidhean a dhìth, a' sealltainn mion-fhiosrachadh mun ath-sgrùdadh mu dheireadh agus an ceann-latha airson an ath ath-sgrùdadh. Chaidh a thoirt fa-near cuideachd gu bheil am poileasaidh dlùth-cheangailte ris an sgeama tiomnaidh, am frèam-obrach a thaobh a bhith a' làimhseachadh agus ag aithris gu ceart air airgead poblach bho Riaghaltas na h-Alba.

Chaidh ceist a thogail mu na stairsnichean ann an earrann a dhà de 'Cho-fharpais' (td. 140) agus an robhar den beachd gum feumar na stairsnich sin ath-sgrùdadh. Chaidh a mhìneachadh gu bheil Bòrd na Gàidhlig ag obair taobh a-staigh nan

stairsnichean sin agus chaidh a thoirt fa-near gum bi ceannach sam bith nas àirde na £10,000 a' dol a-mach gu tairgse airson adhbharan follaiseachd, ged nach eil e riatanach ceannaichean fon stairsneach de £25,000 a chur a-mach gu tairgse.

Thuir NP gun rachadh Gàidhlig a chur air a' phoileasaidh às dèidh dha aonta na Comataidh fhaighinn, agus gum biodh an tionndadh Gàidhlig ann ron tionndadh Beurla.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill am poileasaidh solarachaidh.

Thèid Gàidhlig a chur air a' phoileasaidh.

4.4. Ath-sgrùdadh air na Bun-riaghailtean (Ri Aontachadh)

Bhruidhinn NP mu na bun-riaghailtean agus thug i geàrr-chunntas seachad air na h-atharrachaidhean a bha air an sònrachadh ann. Thuir NP gur e atharrachadh air ballrachd na Comataidh an aon atharrachadh a bh' ann.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill Bun-riaghailtean na Comataidh.

4.5. Plana Obrach Comataidh Sgrùdadh is Dearbhachd (Ri Aontachadh)

Bhruidhinn NP mu phlana obrach na Comataidh agus thug i iomradh air atharrachaidhean air a' phlana.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich na Buill ri plana obrach na Comataidh.

5. GISBE

Cha robh gin ann.

Dhùin an Cathraiche a' choinneamh aig 10: 54am.

Ceann-latha na h-ath choinneimh: 22//09/2026

Deireadh an t-Seisein Fhosgailte